

Tha VisitScotland air beachdachadh air luchd-tadhail aig a bheil ùidh ann an cànan agus cultar na Gàidhlig ann a bhith a' leasachadh na sgeama seo a tha ag aithneachadh nan oidhirpean sònraichte a tha luchd-gnìomh a' dèanamh dhaibh, agus gus an cuideachadh gus àiteachan-fuirich iomchaidh, cafaidhean, taighean-bìdhe agus tàlaidhean luchd-tadhail a thaghadh dhaibh.

Visitors with an interest in the Gaelic language and culture have been considered by VisitScotland in our development of this scheme which recognises the special efforts made by operators to provide for them, and to help them choose suitable accommodation, cafes, restaurants and visitor attractions.



FIOSRAICH GÀIDHLIG EXPERIENCING GAELIC SCHEME

Do mhòran de luchd-turais, 's e ùidh ann an cànan agus cultar na Gàidhlig a tha gam putadh gus tadhal air àiteachan anns an sgeama seo agus chan eil sin a' ciallachadh gu bheil comas aca ann an Gàidhlig gu ìre sam bith. Sheall [sgrùdadh luchd-tadhail](#) a chaidh a dhèanamh ann an 2011-2012 gun robh ùidh aig 51% aig luchd-tadhail gu ìre mhòr no bheag ann an cànan agus cultar na Gàidhlig agus gun còrdadh e riutha barrachd ionnsachadh.

For many visitors it is an interest in the Gaelic language and Gaelic culture that drives them to visit establishments in this scheme and not necessarily the case that they speak Gaelic to any degree. A [visitor study](#) carried out in 2011-2012 revealed that 51% of visitors were either very interested or fairly interested in Gaelic Language and culture and would like to learn more.

Gu tric, 's ann bhon Ghàidhlig a tha mòran ainmean-àite, bheanntan, aibhnichean agus fheartan nàdarra a' tighinn bho thùs. Ghlacadh a bhith a' toirt eadar-theangachadh dhe na h-ainmean seo spiorad an àite dha na daoine aig nach eil Gàidhlig, ga toirt beò agus a' toirt faireachdainn suidheachaidh, a dh'àrdaicheas an t-eòlas a gheibh iad air Alba agus ri linn sin, an tuigse aca air Gàidhlig.

Scotland's many place names, mountains, rivers and natural features are often created and written in Gaelic. To give our non-Gaelic speakers a translation of these names would capture the spirit of the area, bringing it to life and giving a sense of place, which will enhance their experience of Scotland and in turn their understanding of Gaelic.

Bheireadh iadsan a tha an sàs anns an sgeama foghlaim neo-fhoirmeil dhan luchd-tadhail againn air abairtean bunaiteach agus ainmean ghnòthaichean bitheanta anns a' Ghàidhlig. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh clàran-bracaist agus prìomh fhaclan agus abairtean a bhith air an eadar-theangachadh le Gàidhlig agus Beurla ach cuideachd le sgrìobhainnean fòn-eòlach.

The scheme participants would provide an informal education to our visitors into some basic Gaelic phrases and names for everyday items. For instance breakfast menus and key words and phrases could be translated with Gaelic and English but also phonetic script.

Bhiodh iadsan a tha an sàs ann cuideachd ri làimh gus beagan fhaclan agus abairtean a ràdh.

The participants would also be on hand to give our visitors the confidence to try out a few words and phrases

Tha an sgeama a' gabhail a-steach gach roinn taigheadais, cafaidhean, taighean-bìdh agus tàlaidhean luchd-turais.

This scheme covers all accommodation sectors, cafes, restaurants and visitor attractions.

Chan eilear dhen bheachd gum bi an sgeama mar mheadhan air ionnsachadh le stuctar foirmeil ach gum bi e na bhogadh ann an cultar agus dualchas na Gàidhlig.

The scheme is not intended to be the delivery of formal structured learning but more of an immersion into Gaelic culture and heritage.

FIOSRAICH GÀIDHLIG - EXPERIENCING GAELIC SCHEME

Gàidhlig Gaelic language

1. Ann an àiteachan nas motha, bidh duine ainmichte comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus air bruidhinn ris na h-aoisgean. Ann an àiteachan nas lugha, tha e coltach gum biodh Gàidhlig aig an luchd-sealbh (ged nach fheumadh 100% fileantachd aca)
In larger establishments a nominated person to be a Gaelic speaker and be able to converse with guests. In smaller establishments it is likely that the proprietors would be Gaelic speakers (although in both cases not necessarily 100% fluent)
2. Fiosrachadh air a thoirt air rudan ri dhèanamh mu thachartasan san sgìre, le buntanas sònraichte ri cultar agus dualchas na Gàidhlig
Information provided on things to do and events in the area, with particular relevance to Gaelic culture and heritage
3. Ùidh mhòr ann an Gàidhlig, ged a b' e cuideigin a tha fileanta no cuideigin le ùidh sa chànan a tha air a h-ionnsachadh/ a tha ga h-ionnsachadh.
Passion for the Gaelic language whether a native speaker or someone with a keen interest who has learned / or is learning the language.

Fiosrachadh Aoighean / Luchd-tadhail Guest / Visitor Information

1. Clàran fiosrachaidh leis an fhiosrachadh as ùire air rudan leithid; fèisean agus tachartasan Gàidhlig a thogadh ùidh luchd-tadhail. Cruthaich liosta chiallan air làrach-lìn agus ceanglaichean gu prìomh làraichean-lìn na Gàidhlig
Information directories to contain current information such as; Gaelic festivals and events which are likely to be of interest to visitors. Create a favourites list on website and links to key Gaelic websites
2. Fiosrachadh mu ionadan Gàidhlig anns an sgìreachd leithid Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach; ionad luchd-tadhail Seallam sna Hearadh; An Lanntair ann an Steòrnabhagh, msaa
Details of Gaelic centres in the locality such as Sabhal Mòr Ostaig on Skye;

Seallam visitor centre on Harris; An Lanntair in Stornoway , etc

3. Litreachas air cànan agus cultar na Gàidhlig gu bhith ri làimh airson aoighean / luchd-tadhail
Literature on the Gaelic language and culture to be available for guest / visitor use
4. Faclair Gàidhlig / Beurla gu bhith ri fhaighinn
Gaelic / English dictionary to be available
4. Do chloinn, thoir cothrom air tràth-fhoghlam Gàidhlig. Tha farsaingeachd leabhraichean ann an Gàidhlig a tha spòrsail agus fiosrachail, (Pàdraig Post, Tintin, Asterix, Ceitidh Mòrag, msaa). Dh'fhaodadh àiteachan na stuthan eadar-ghnìomhail aca fhèin a leasachadh.
For children provide early Gaelic education. There are a range of books in Gaelic that are fun and informative, (Postman Pat, Tin-Tin, Asterix, Katie Morag, etc). Establishments may also develop their own interactive material.
5. Duilleagan fiosrachaidh air an cruthachadh air Gàidhlig – abairtean fàilteachais bunaiteach, abairtean, ainmean-àite, eadar-theangachaidhean msaa. 'S e foghlam a tha seo do dhaoine aig nach eil Gàidhlig ach aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh a' chànan. Ann an gnothachasan nas motha, faodaidh taisbeanaidhean didseatach eadar-ghnìomhail a bhith air an leasachadh cuideachd.
Information sheets produced on the Gaelic language – basic greetings, phrases, place name translations etc. This as an education to non-Gaelic speakers who have an interest in learning the language. In larger businesses digital interactive displays can also be developed.
6. Mapaichean dhe na sgìrean ionadail le eadar-theangachaidhean de na h-ainmean Gàidhlig airson bheanntan, srathan, aibhnichean, tràighean, msaa. mapaichean ann am Beurla no Gàidhlig no fear le eadar-theangachaidhean

Maps of the local area with translations of the Gaelic names for mountains, valleys, rivers, beaches, etc. maps in English and Gaelic or one with translations

7. Fiosrachadh air eachdraidh na sgìre agus na sgeulachdan air cùlaibh nan ainmean Gàidhlig. Cruthaich goireas leis an fhiosrachadh seo agus thoir sin do dh'aoighean agus do luchd-tadhail

Detail of the history of the area and stories behind the Gaelic names. Create a resource with this information and make it readily available to guests and visitors

8. Dh'fhaodadh ceòl a bhith aig cuid de dh'àiteachan gus am bi cothrom aig aoighean èisteachd ri ceòl le òrain agus luchd-ciùil traidiseanta agus ùr-nòsach. Dh'fhaodadh farsaingeachd dhiubh sin a bhith ri fhaighinn airson ceannach.

Some establishments may have music available for guests to listen to with traditional and contemporary Gaelic songs and artists. A selection of these may be available to purchase.

9. Fiosrachadh air Gàidhlig san latha an-diugh, sgìrean far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn, dual-chainntean msaa. 's dòcha fiosrachadh mun dualchas Gàidhlig agad fhèin a thoirt.

Details of Gaelic today, areas where spoken, dialects, etc. perhaps give information on your own Gaelic heritage.

10. Fiosrachadh air traidiseanan agus cultar na Gàidhlig, agus faodaidh seo cuideachd a bhith ri fhaighinn ann an leabhraichean no ann am meadhanan eile.

Information on Gaelic traditions and culture, this can also be available in books or in other media.

11. Taobh a-staigh àiteachan-fuirich, BBC Radio Nan Gaidheal, BBC ALBA agus prògraman Gàidhlig eile ri bhith ri làimh nam biodh aoighean / luchd-tadhail ag iarraidh coimhead / sealltainn air prògram.

Within accommodation, BBC Radio Nan Gaidheal, BBC ALBA and other Gaelic programmes available should guests wish to watch / listen to programme.

12. Fiosrachadh air clasaichean Gàidhlig agus buidhnean ùidh anns an sgìre agus taisbeanadh dhe na cothroman seo do dh'aoighean agus luchd-tadhail.

Knowledge of local Gaelic classes and interest groups and display of any of these opportunities for guests and visitors.

Biadh agus Deoch

Food and Beverage

1. Clàran-bìdh gu bhith an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, no airson biadhan sònraichte.

Menus to be provided in both the Gaelic and English language, or for certain key dishes.

2. Sgrìobhainnean fòn-eòlais gu bhith an cois nan eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig gus an urrainn do dh'aoighean / luchd-tadhail feuchainn air am fuaimneachadh

Gaelic translations to carry the phonetic script so guests / visitors can have a go at pronunciation

3. Beachdachadh air biadhan traidiseanta a chur air clàran-bìdh gus àrdachadh a thoirt air eòlas na Gàidhlig agus gus cur ri sgeama bìdh Blais Ar Biadh As Fheàrr
Consideration given to providing traditional menu options which enhance the Gaelic experience and complement the Taste Our Best food scheme

Coitcheann

General

1. Ceangal wi-fi gu bhith air a thoirt an asgaidh nuair a tha bann-leathann ri fhaighinn

Wi-Fi to be provided free of charge where broadband available